

1540/405

TEISTEANAS
NÀISEANTA
2010

DIHAOINE, 7 CÈITEAN
10.20 M – 11.50 M

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Meadhan Ìre

Freagair ceistean à Aonad I **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** Choitheacsa a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Coitheascan a tha thu air a bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.

Seo na Coitheacsan anns gach Aonad:

Aonad I—Atharrachadh Dòigh Beatha an Alba 's am Breatainn

- | | |
|------------------------------------------|----------------|
| Coitheacsa A: 1750an–1850an | Duilleagan 2–3 |
| Coitheacsa B: 1830an–1930an | Duilleagan 4–5 |
| Coitheacsa C: 1880an–An là an-diugh..... | Duilleagan 6–7 |

Aonad II—Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-Nàiseanta

- | | |
|-----------------------------------|-----------------|
| Coitheacsa A: 1890an–1920an | Duilleagan 8–10 |
|-----------------------------------|-----------------|

Aonad III—Sluagh agus Cumhachd

- | | |
|-------------------------------------------|------------------|
| Coitheacsa C: An Ruis 1914–1941 | Duilleagan 11–12 |
| Coitheacsa D: A' Ghemailt 1918–1939 | Duilleagan 13–14 |

Cleachd am fiosrachadh sna stòran, agus an t-eòlas agad fhèin, gus na ceistean a fhreagairt.

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan pàipear nan ceistean.

Tha cuid de na stòran air an atharrachadh beagan no air an eadar-theangachadh.



AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA A: 1750an–1850an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Feumaidh tu cuideachd an t-eòlas agad fhèin a chleachadh sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** a' mineachadh ciamar a dh'fhàs slàinte sluagh na h-Alba na b' fheàrr tràth san naoidheamh linn deug.

Stòr A

Tràth san naoidheamh linn deug bha a' bhanachdach a bha daoine a' faighinn fior mhath a-nis air a' bhreac a chumail gun sgaoileadh. Ach bha daoine fhathast uabhasach dualtach galair a thogail anns na h-ospadalan. Ach, le tuigse nas fheàrr mun cheangal a bha eadar àite salach agus galairean, dh'fhàs na h-ospadalan na bu ghlaine agus bha seansa na b' fheàrr ann gun tigeadh daoine a-mach asta beò. Bha drugaichean anaesthetic a' ciallachadh nach robh cunnart cho mòr a-nis an cois a bhith a' dol fon lannsa. Ach bha mòran fhathast a' bàsachadh às dèidh làimhe air sàillibh ghalairean-gabhaltach

- Dè cho cudromach 's a bha fiosrachadh meidigeach nas fheàrr a thaobh a bhith a' cuideachadh le slàinte an t-sluagh tràth san naoidheamh linn deug?

4

'S e artaigil à pàipear-naidheachd a th' ann an **Stòr B**, ag innse mu Ar-a-mach nan Radaigeach aig Bonnymuir ann an 1820.

Stòr B

Choinnich saighdearan an riaghaltais ri buidheann de Radaigich fo armachd faisg air Bonnymuir ann an Siorrachd Shruighlea. Thòisich na Radaigich air losgadh ach rinn na saighdearan an gnothach orra gu sgiobalta. Cha deach a leòn ach beagan às gach buidheann. Chaidh naoi-deug de na Radaigich a chur an sàs agus bha iad air am fàgail gun cheannard. Chuir mar a dh'èirich dhaibh aig Bonnymuir bacadh mòr air strì nan Radaigeach.

- Mìnich mar a rinn an t-Ar-a-mach aig Bonnymuir cron air strì nan Radaigeach.

3

PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Bha buannachd aig sluagh na h-Alba às na h-atharrachaidhean a thàinig air tuathanachas.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr C** mun pharaiste Dalserf. Tha e air a thogail bhon “*Old Statistical Account of Scotland*” agus chaidh a sgrìobhadh ann an 1792.

Stòr C

Chaidh am fearann uile a roinn na phàircean thairis air an trithead bliadhna sa chaidh is tha coltas glè eadar-dhealaichte air a' pharaiste a-nis. Tha taighean mòra spaideil an àite nan seann taighean bochda a bh' aig na tuathanach. Tha na h-atharrachaidhean air luach an fhearin a chur suas gu mòr agus tha sin gu buannachd nan uachdaran. Tha iad cuideachd a' faighinn màl nas àirde bho na tuathanach. Tha a' chuid as mothaid de na tuathanach coma mun mhàl oir tha bàrr nas fheàrr aca a-nis agus tha sin a' toirt barrachd prothaid dhaibh.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** airson rannsachadh mun bhuaidh a thug atharrachaidhean ann an tuathanachas air beatha dhaoine ann an Alba?

3

Tha **Stòr D** air a thogail bho leabhar-teacs a nochd bho chionn ghoirid.

Stòr D

Cha robh na h-atharrachaidhean idir gu buannachd gach duine. Cha b' urrainn do chuid de na tuathanach am màl àrd a phàigheadh agus chaill iad am fearann aca. Dh'fhuirich mòran dhiubh a-muigh air an dùthaich ach bha iad a-nis, bho latha gu latha, nan sgalagan air na tuathanais ùra. Bha am pàigheadh beag is bha na sgalagan sin daonnan beò ann am bochdainn. Gu tric, bha bothain nan sgalagan fuaraidh agus ro bheag airson na bhiodh a' fuireach annta. Nuair a thàinig innealan gu na tuathanais chaill mòran de na sgalagan an obair.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh **buannachd** aig sluagh na h-Alba às na h-atharrachaidhean a thàinig air tuathanachas?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh **call** aig sluagh na h-Alba às na h-atharrachaidhean a thàinig air tuathanachas?

5

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun robh **buannachd** aig sluagh na h-Alba às na h-atharrachaidhean a thàinig air tuathanachas?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdad gu co-dhùnad a ruighinn.

4

[CRÒCH COITHEACSA IA]

Tionndaidh a-nis chun Choitheacs a thagh thu ann an Aonad II.

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA B: 1830an–1930an

PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a thàinig slàinte sluagh na h-Alba air adhart anns na bliadhna chan mu dheireadh den naoidheamh linn deug.

Stòr A

Bha na bliadhna chan 1830–1900 mar “linn an àigh” ann an eachdraidh mheidigich na h-Alba. Thòisich lòsaph Lister siostam lannsaireachd antiseaptaig a thug seansa na b' fheàrr do dhaoine gun tigeadh iad beò às na h-ospadalan às déidh a dhol fon lannsa. Chaidh ospadalan a dhèanamh nas mothà agus feadhainn ùra a thogail. Fhathast, don mhòr-chuid de dhaoine bochda, cha robh càram meidigeach cho math 's bu choir. A bharrachd air sin, cha robh saidheans meidigeach fhathast air leigheas a lorg airson na caitheimh. Cuideachd, cha robh leigheas ann don triuthaich no don ghriùraich a bha le chèile a' cur ris an àireimh smaoineachail a bha a' bàsachadh de chloinn.

1. Dè cho cudromach 's a bha fiosrachadh meidigeach nas fheàrr ann a bhith a' dèanamh an t-sluaigh nas fallaine mu 1900? 4

Tha **Stòr B** mu na Suffragettes.

Stòr B

Anns na bliadhna chan ron chogadh cha robh na Suffragettes idir rèidh nam measg fhèin. Bha sgaraidhean san WSPU leis mar a bha na peathraighean Pankhurst a' thoirt ballrachd air falbh bho neach sam bith a chàineadh na dòighean mìleanta aca. Lagaich seo an strì aca. Bha cuid de cheannardan nan Suffragettes a' cumail a-mach gun robh an dol-a-mach ainneartach a' milleadh buaidh na bha iad a' dèanamh gu sitheil. Bha eagal orra nach biodh daoine gam faicinn mar inbhich earbsach a bha airidh air a' bhòt. A dh'aindeoin sin, cha robh dòighean sitheil, leithid mèarrsadh is athchuingean chun na Pàrlamaid, air mòran a bhuannachd dhaibh.

2. Mìnich mar a mhill na bha na Suffragettes mìleanta a' dèanamh an strì airson a' bhòt a thoirt do bhoireannaich. 3

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Bha leasachadh nan rèilichean na chall do shluagh na h-Alba.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr C** air a thogail à litir a sgrìobh duine a bha an aghaidh rèile ùr ann an 1864.

Stòr C

Tha àireamh de ghearanan aig daoine an aghaidh rèile a thogail bho Aboyne tro Bhealadair gu Bràigh Mhàrr. Dhèanadh an rèile cron mòr air an sgireachd shìtheil seo. Chuireadh trèanaichean, a' siubhal faisg air an rathad, an t-eagal air eich a bhiodh a' tarraing charaidsean. Cha bhiodh cùs a' tighinn a-steach tuilleadh bhon rathad nam biodh e a' co-fharpais ri rèile a' ruith ri thaobh. Is e fior chrannchur a bhios ann an rèile seo a thogail agus is e crannchur a bhios ann a thèid ceàrr.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mun bhuidh a bh' aig na rèilichean air beatha dhaoine ann an Alba?

3

Stòr D ag innse mar a dh'atharraich na rèilichean cùisean.

Stòr D

Thairis air an fhichead bliadhna sa chaidh, chaidh mòran rèilichean ùra phosgladh air feadh na dùthcha. Tha na rèilichean a-nis a' cumail obair ris na miltean. Ann an 1854 shiubhail na milleanan astar cuibheasach de 12 mìle air na rèilichean. Air sàillibh sin, tha mòran obair-càraidh ri dhèanamh air na rèilichean. Tha an t-seirbheis phostachd a tha na rèilichean a' toirt dhuinn math da-rìribh. Gach oidhche Haoine tha pàipearan seachdaineach air an giùlan air feadh na dùthcha is bidh iad aig na leughadairean làrna-mhàireach.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh leasachadh nan rèilichean na **chall** do shluagh na h-Alba?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh leasachadh nan rèilichean na **bhuannachd** do shluagh na h-Alba?

5

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun robh leasachadh nan rèilichean na **chall** do shluagh na h-Alba?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdad gu co-dhùnad a ruighinn.

4

[CRÌOCH COITHEACSA IB]

Tionndaidh a-nis chun Choitheacs a thagh thu ann an Aonad II.

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA C: 1880an-An là an-diugh

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a thàinig slàinte sluagh na h-Alba air adhart anns an fhicheadamh linn.

Stòr A

Thuit reat-bàis nan leanaban tro adhartas meidigeach a bha a' beagachadh, bliadhna air bhliadhna, nan àireamhan a bha a' gabhail ghalairean mar a' għriūrach, an triuthach agus am fiabhras dearg a bha uile cho marbhtach am measg na cloinne. Ann an coimhearsnachdan bochda, bha e na chuideachadh gun robh luchd-slàinte a' tadhlair air dachaighean. Anns na 1950an, gheàrr drogaichean antibiotaig reat-bàis nan leanaban gu leth. Bha sgrùdaidhean meidigeach anns na sgoiltean a' cuideachadh leis an reat airson clann nas sine na sin. Bha penicillin air an àireamh inbheach a bha a' bàsachadh leis a' chaitheimh a bheagachadh. A dh'aindeoin sin, bha tinneas-cridhe fhathast pailt.

1. Dè cho cudromach 's a bha fiosrachadh meidigeach nas fheàrr ann a bhith a' dèanamh an t-sluaigh nas fallaine anns an fhicheadamh linn?

4

Tha **Stòr B** mu na Suffragettes.

Stòr B

Anns na bliadhnhachan ron chogadh cha robh na Suffragettes idir rèidh nam measg fhèin. Bha sgaraidhean san WSPU leis mar a bha na peathraichean Pankhurst a' toirt ballrachd air falbh bho neach sam bith a chàineadh na dòighean mileanta aca. Lagaich seo an strì aca. Bha cuid de cheannardan nan Suffragettes a' cumail a-mach gun robh an dol-a-mach ainneartach a' milleadh buaidh na bha iad a' dèanamh gu sìtheil. Bha eagal orra nach biodh daoine gam faicinn mar inbhich earbsach a bha airidh air a' bhòt. A dh'aindeoin sin, cha robh dòighean sìtheil leithid mèarrsadh is athchuingean chun na Pàrlamaid air mòran a bhuanachd dhaibh.

2. Minich mar a mhill na bha na Suffragettes mhileanta a' dèanamh an strì airson a' bhòt a thoirt do bhoireannaich.

3

PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Bha leasachadh nan càraichean na chall do shluagh na h-Alba.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr C** air a thogail à agallamh-rèidio bho na 1990an anns an robh Max Cruickshank a' cuimhneachadh air mar a dh' atharraich càraichean cùisean.

Stòr C

Tha làithean na h-òige a-nis mòran nas iomallaiche is nas aonaranaiche na bha iad nam òige-sa. An-diugh bidh a' chuid mhòr de phàrantan a' tort an cuid chloinne don sgoil, is dhachaigh a-rithist, ann an càr. Chan eil clann a' coiseachd uiread, 's mar sin chan eil iad tuilleadh cho fallain. Glaste ann an càraichean, chan eil clann ann an companas mar a bha sinne air an rathad don sgoil. Airson an cumail sàbhailte cha bhi clann tuilleadh a' cluich air na stràidean air sàillibh chàraichean luatha.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mun bhuaidh a bh' aig càraichean air beatha dhaoine ann an Alba? 3

Chaidh **Stòr D** a sgriobhadh le neach-eachdraidh a bhuiteas don là an-diugh.

Stòr D

Anns na 1960an, dh'atharraich càraichean aodann Bhreatainn gu mòr. Thug càraichean cothrom do dhaoine siubhal gu àiteachean nach bitheadh, às aonais chàraichean, ach nan ainmean air a' mhapa. Thug càraichean cothrom do dhaoine siubhal gun dragh a bhith orra mu chlàran-ama bhusaichean is thrèanaichean. Bhiodh daoine gu math tric a' dol air chuairt leis a' chàr aig an deireadh-sheachdain. Mar seo bhiodh teaghlaichean a' faighinn a-mach don èadhar ghlan a-muigh air an dùthaich. Ach, is e deuchainn a bh' ann fhathast a bhith a' dràibheadh air rathaidean cumhang, lùbach Bhreatainn.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh leasachadh nan càraichean na **chall** do shluagh na h-Alba? 5

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh leasachadh nan càraichean na **bhuannachd** do shluagh na h-Alba? 5

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun robh leasachadh nan càraichean na **chall** do shluagh na h-Alba? 4

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdad gu co-dhùnad a ruighinn. 4

[CRÒCH COITHEACSA IC]

Tionndaidh a-nis chun Choitheacs a thagh thu ann an Aonad II.

AONAD II—CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

COITHEACSA A: 1890an–1920an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** ag innse mu na muirt ann an Sarajevo air 28 Ògmhios 1914.

Stòr A

Dh'èigh an Seanalair Potiorek ris an dràibhear gun robh e a' dol an rathad ceàrr. Nuair a bha e a' bacadh chualas urchraichean. Chaidh a' Bhan-iarla Sophie a bhualadh. Bha dùil agamsa gun robh i air a dhol ann an neul leis an eagal. Dh'èigh Franz Ferdinand "Sophie, Sophie, na bàsaich. Fuirich beò airson ar cloinne." Bidh na faclan sin nam chluasan fhad 's is beò mi.

1. Thoir cunntas air na muirt ann an Sarejevo.

3

Tha **Stòr B** ag innse mun obair a rinn na boireannaich aig àm a' Chiad Chogaidh.

Stòr B

Dh'atharraich mòran aig àm a' Chiad Chogaidh. Nuair a bhiodh fir a' fàgail an obraichean airson a dhol a shabaid bhiodh barrachd is barrachd bhoireannach a' faighinn obraichean ann an gniomhachas. B' ann ann am factaraidhean, a' dèanamh shligean agus innealan-cogaidh, a bha iad a' dèanamh na h-obrach a bu chudromaiche. Bha an obair sin, an dà chuid, salach agus cunnartach. Bha boireannaich ag obair air tramaichean is busaichean airson na siostaman còmhdhail a chumail a' dol. Leis na bha air falbh a' sabaid de na fir, bha aig na boireannaich ri uallaichean cinn-teaghlaich a ghabhail os làimh.

2. Dè cho cudromach 's a bha an obair a rinn na boireannaich aig àm a' Chiad Chogaidh?

4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mun chòmhstri eadar Breatainn 's a' Ghearmailt ro 1914.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Chaidh **Stòr C** a sgriobhadh le Leifteanant Gördan a bha a' sabaid aig Batal an Somme san Iuchar 1916.

Stòr C

Ged nach do chuir na loisg na gunnachan-mòra againn às do na beairt-ghunnachan aig na Gearmailtich, rinn e atharrachadh mòr air na trainnseachan. Bha a' chuid mhòr dhiubh air am milleadh uile-gu-lèir. Ann an àiteachan bhiodh trainnse ann an staid mhath, ach bha a leithid sin ainneamh. Feumaidh gun tàinig na saighdearan Gearmailteach asta beò direach air sàillibh cho domhainn 's a bha na tuill-falaich aca, eadar 30 is 40 troigh fon talamh. Bha na loisg sinn orra air cur às gu buileach glan don uèir stobach aig an nàmhaid.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air a' bhuaidh a bh' aig na gunnachan-mòra aig Batal an Somme?

3

Tha **Stòr D** ag innse mar a bha na gunnachan-mòra air an cleachdad aig Batal an Somme.

Stòr D

Fad seachdain, cha do stad na gunnachan-mòra a' losgadh. Dh'èist na saighdearan Gearmailteach ris na spreadhaidhean tritheadh troigh os an cionn is iad sàbhailte anns na tuill-falaich aca. Nuair a thòisich na sligean air tuiteam nas fhaide air ais, dhìrich na saighdearan Gearmailteach na staidhrichean aca is chunnaic iad gun robh an loidhne thrainnseachan aca air a bristeadh às a chèile. Ach bha na Gearmailtich fada bho bhith air am fàgail gun dion. Bha na beairt-ghunnachan troma aca, mu thràth, air an cur suas. Air am beulaibh, bha an uèir stobach gun mhilleadh.

4. Dè an ire gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mun bhuaidh a bh' aig na gunnachan-mòra aig Batal an Somme?

4

[Tionndaidh an duilleag]

Is e Còirnealair Swinton, a bha na oifigear sa Chiad Chogadh Mhòr, a sgrìobh **Stòr E.**

Stòr E

Is e priomh obair an tanca a bhith a' cur às do na beirt-ghunnachan a bha, gus an do nochd an tanca, a' marbhadh barrachd 's a bha inneal-cogaidh sam bith eile. B' e an tanca an aon inneal ùr anns a' chogadh a bha gu tur Breatannach, agus abair inneal èifeachdach. Bha e uabhasach math air sàbhaladh beatha nan saighdearan-coise. Ghabh na tancaichean àite nan gunnachan mòra agus bha iad na b' fheàrr air targaidean a bhualadh. Leis an tanca, bha sinn a-rithist air comas ionnsaigh a thoirt air an nàmhaid nuair nach biodh dùil aca ris, rud nach robh tuilleadh cho furasta a dhèanamh leis na gunnachan-mòra.

5. Dè cho mionaideach 's a tha **Stòr E** ag innse mun bhuaidh a bh' aig na tancaichean air an t-sabaid air an Aghaidh an Iar sa Chiad Chogadh Mhòr?

Feumaidh tu fianais às **an stòr** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdad agus feumaidh tu adhbhair a thoirt airson do fhreagairt.

4

[CRÌOCH COITHEACSA IIA]

Tionndaidh a-nis chun Choitheacs a thagh thu ann an Aonad III.

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD**COITHEACSA C: AN RUIS 1914–1941*****PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE***

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Is e postair bho 1917 a th' ann an **Stòr A**, a' sealltainn Lenin le Pravda, páipear-naidheachd Boilseabhach, na dhòrn. Tha an sluagh-ghairm air a' chùlaibh a' ciallachadh "Cumhachd don t-sluagh; fearann don luchd-tuatha".

Stòr A

Às dèidh an Ar-a-mach bhiodh Lenin an-còmhnaidh a' gabhail chuairean tron dùthach. Bha e a' feuchainn ri bheachdan fhèin a thoirt do shluagh na Ruis tro phàipearan-naidheachd is tro òraidean. Gheall e gun déanadh e sìth leis gach nàisean agus bha daoine airson sin. Gheall e fearann a thoirt don luchd-tuatha a-muigh air an dùthach is chuir iadsan failte air a' ghealladh sin.

1. Minich carson a bha mòran de na Ruiseanaich measail air Lenin.

3

Tha **Stòr B** mu dè bha Stalin a' feuchainn ri dhèanamh leis na Glanaidhean anns na 1930an.

Stòr B

Tha deasbad fhathast mu dè bha fa-near do Stalin leis na Glanaidhean. Aon rud cinnteach, bha e airson cur às do na Boilseabhaich oir bhiodh iadsan nas dualtaiche bhith an-aghaidh nam poileasaidhean aige na bhiodh daoine eile. Bha Stalin airson gum biodh an sluagh beò fo eagal is fo dhroch-amharas. Bha e cuideachd airson sgaradh a dhèanamh am measg an t-sluagh gus gum biodh iad na b' fhasa an riaghladh. Phàigh mòran dhaoine gu daor, daor aig an àm, agus bidh daoine an-diugh a' cur sìos air na thachair.

2. Thoir cunntas air dè bha Stalin a' feuchainn ri dhèanamh leis na Glanaidhean.

3

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mun Phoileasaidh Ùr Eaconamach aig Lenin.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Ann an **Stòr C** tha ball den Phartaidh Chomannach a' cuimhneachadh air na bliadhna chan aig a' Phoileasaidh Ùr Eaconamach san Ruis anns na 1920an.

Stòr C

Thuirt Lenin gun toireadh am Poileasaidh Ùr Eaconamach cothrom dhuinn "ar n-anail a leigel" greiseag bheag airson faighinn air ais air ar casan, agus bha e ceart. Fhuair an luchd-tuatha cead an gràm nach robh feum aca air a reic agus, mu dheireadh thall, sguir iad a bhith ag obair nar n-aghaidh. Bha sinn nas toilichte oir bha an dùthaich nas sìtheile a-rithist. A dh' aindeoin sin, chaidh prìsean suas agus bha cion obrach fhathast na uallach. Ach bha a' chuid a bu mhotha againn a' tuigsinn gun robh feum air a' phoileasaidh airson gnìomhachas a thoirt air adhart a-rithist agus thachair sin.

3. Beachdaich air **Stòr C** agus inns dè a' bharail a bh' aig an neach a sgrìobh e air a' Phoileasaidh Ùr Eaconamach? 3

Ann an **Stòr D** tha neach-eachdraidh a bhuiteas don là an-diugh a' beachdachadh air a' bhuaidh a bh' aig a' Phoileasaidh Ùr Eaconamach.

Stòr D

A rèir Lenin rinn am Poileasaidh Ùr Eaconamach feum mòr ann an dòigh phoilitigich agus ann an dòigh eacnamaich. Cha robh an luchd-tuatha tuilleadh cho mi-thoilichte. Thàinig an dùthaich air adhart agus dh'fhas an eacnamaidh làidir. Mun àm a chaochail Lenin, bha gnìomhachas a' sior thighinn air adhart gu mòr. Bha an luchd-tuatha cuideachd a' fàs fad' a bharrachd de ghràn an taca ri 1920-21. Cha robh ach aon uallach air na Boilseabhaich agus b' e sin dè cho fada 's a mhaireadh am Poileasaidh Ùr Eaconamach.

4. Dè an ire gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mun fheum a rinn am Poileasaidh Ùr Eaconamach? 4

[CRIOCH COITHEACSA IIIC]

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

COITHEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** mu dè bha fa-near do na Spartagaich.

Stòr A

Bha Karl Liebknecht agus Rosa Luxemburg nan ceannardan air na Spartagaich. Bha iad airson am beairteas a thoirt air falbh bho na daoine a bha math dheth. Bha iad ag iarraidh riaghaltas a bhiodh a' riaghlaigh airson math nan daoine bochda, agus mòran sa Ghearmailt a-nis a' fannachadh leis an acras. Sheall na Boilseabhaich san Ruis ann an 1917 gun rachadh aig buidheann beag de Chomannaich air cur às do riaghaltas. Bha na Spartagaich airson eisimpleir nan Ruiseanach a leantainn le ar-a-mach a chur air chois dhaibh fhèin anns a' Ghearmailt

1. Thoir cunntas air na bha na Spartagaich ag iarraidh a dhèanamh.

3

Tha **Stòr B** a' sealltainn postair-brosnachaidh a bh' aig na Nadsaidhean ann an 1934. Tha an sgrìobhadh air cùlaibh Hitler ag ràdh "Dìlseachd, Onair agus Òrdugh".

Stòr B



Ann an 1932, b' e na Nadsaidhean am partaidh a bu mhotha san Reichstag. Bha a' Ghearmailt, faid bhliadhnhachan, air cur suas le riaghaltasan laga agus bha Hitler a' gealltann gum biodh e na cheannard làidir. A rèir coltais, bha Hitler a' tabhann dòchas agus làithean matha don Ghearmailt. Chaidh Hitler a dhèanamh na Sheansailear san Fhaoilieach 1933.

2. Mìnich carson a bha mòran Ghearmailteach measail air Hitler.

3

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mu fhoghlam sgoile anns a' Ghearmailt Nadsaidheach.

Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Ann an **Stòr C** tha Marianne NicFhionghain a' cuimhneachadh air a làithean san sgoil anns a' Ghearmailt Nadsaidheach anns na 1930an.

Stòr C

Dh'atharraich an sgoil gu mòr. Cha do thog sinne ceist riamh mu na leabhraichean ùra agus na cuspaireran ùra a bha a' nochdad. Bha sinn a' faighinn tuilleadh thràthan de Eòlas Corporra an àite bhith a' dol gu Creideimh. Bha sgoilearan, coltach rium fhèin, nach robh measail air an sgoil air an dòigh gu mòr nuair a thugadh gearmaichean co-fharpaiseach a-steach. Bha mise uabhasach measail air a' phrògram airson fallaineachd. Bha uair an uaireadair san talla spòrs fada air thoiseach air a bhith nad fhallas a' strì le àireamhan. Cha robh mi idir cho measail air na h-òrain fhuaimneach Nadsaidheach a bh' againn ri sheinn.

3. Dè barail an neach a sgrìobh **Stòr C** air na h-atharrachaidhean a rinn na Nadsaidhean air foghlam sgoile?

3

Tha **Stòr D** mu fhoghlam anns a' Ghearmailt Nadsaidheach.

Stòr D

Bha an ùine àbhaisteach airson Eòlas Corporra sa chlàr-àma air a chur suas gu 5 tràthan ann an 1938. Bha seo an àite Creideimh. Fhuair Eòlas Corporra inbhe nas àirde mar chuspair agus thàinig beachd oifigeil am follais gum bu chòir iar-cheannard a dhèanamh sa bhad den tidsear Eòlais Corporra anns gach sgoil. Rud eile a bha ùr 's e cuspairean leithid Eòlas Cinneadail. Bha an co-chruinneachadh maidne gach seachdain a-nis na sheirbheis Nadsaidheach agus bha òrain Nadsaidheach againn an àite laoidhean. Bha na Nadsaidhean den bheachd gun robh foghlam cudromach.

4. Dè an ire gu bheil **Storan C** agus **D** ag aontachadh mu na h-atharrachaidhean a rinn na Nadsaidhean air foghlam sgoile?

4

[*CRÌOCH COITHEACSA IID*]

[*CRÌOCH PÀIPEAR NAN CEISTEAN*]

ACKNOWLEDGEMENTS

Unit III Context D Source B—Poster is taken from Page 31 of *Nazi Germany 1933-1945* by John Laver ISBN 0 340 54350 7. Published by Hodder & Stoughton. Unable to trace copyright holder.

[DUILLEAG BHÀN]